

Còmhstri ann an Dàimhean

Obair: Suidheachaidhean còmhstri

Seo 4 suidheachaidhean còmhstri, bruidhnibh mu gach suidheachadh agus mu na ceistean. Bu chòir do gach buidheann bruidhinn air co-dhiù 3 às na 4.

Suidheachadh 1.

Tha Sophie agus Mark air a bhith a' dol a-mach còmhla airson faisg air bliadhna. Thòisich iad air falbh còmhla air oidhche an 16mh co-là breith aig Sophie. Tha an dithis aca caran trang an-dràsta, tha tòrr obair sgoile ri dhèanamh, bidh an dithis aca ag obair air an deireadh-sheachdain 's iad a' sàbhaladh airgid airson saor-làithean an t-samhraidh. Tha iad a' faireachdainn nach eil iad a' faicinn gu leòr dhe chèile, nach eil iad a' bruidhinn aghaidh ri aghaidh cho mòr 's a b' àbhaist dhaibh. Chuir Sophie dealbh air-loidhne bho phartaidh air an deireadh-sheachdain, bha an seann bhràmair aice san dealbh. Chan eil Mark air a bhith a' freagairt gin de theachdaireachdan Sophie bhon uair sin agus bha e far na sgoile an-diugh. Tha iad a' coinneachadh aig Starbucks aig 6, rud a chuir iad air dòigh an turas mu dheireadh a bhruidhinn iad air a' fòn. Cha toir e fada mus fàs an còmhradh frionasach.

- Dè a' chomhairle a bheireadh sibh do Mhark?
- Dè a' chomhairle a bheireadh sibh do Shophie?

Suidheachadh 2.

Thòisich Fiona agus Emma air falbh còmhla bho chionn ghoirid. Chan eil e air a bhith furasta coinneachadh agus ùine a chur seachad còmhla oir chan eil pàrantan Fiona toilichte gu bheil i a' dol a-mach còmhla ri nighean. Tha Fiona dha-rìribh ag iarraidh a bhith còmhla ri Emma agus ag innse seo dhi. Chan eil Emma air freagairt, chan eil i air innse mar a tha i a' faireachdainn. Bidh iad a' coinneachadh aig partaidh aig an deireadh-sheachdain, tha an dithis eòlach air tòrr dhaoine ann, tha iad ag òl deoch-làidir. Tha Fiona ag ràdh gum feum iad bruidhinn, ach chan eil Emma deònach. Tha Fiona a' fàs troimh-a-chèile, tha i ag innse do Emma gu bheil i an-còmhnaidh a' seachnadh bruidhinn. Tha Emma air a nàrachadh, tha i ag iarraidh air Fiona gabhail air a socair. Tha guth Emma a' fàs nas cruaidhe agus tha daoine a' toirt an aire.

- Dè a' chomhairle a bheireadh sibh do Emma?
- Dè a' chomhairle a bheireadh sibh do Fiona?

Suidheachadh 3.

Tha Paul agus Isla a' faighinn air adhart glè mhath. Tha aon rud ann air nach urrainn dhaibh aontachadh - caraidean a chèile. Tha Pòl den bheachd gu bheil caraidean Isla ag iarraidh an dàimh aca a mhilleadh, nach toigh leotha esan. Tha Isla den bheachd gu bheil caraidean Phòil dìreach ag iarraidh air a bhith a-muigh còmhla riuthasan, ag òl agus a' falbh còmhla ri nigheanan eile. Tha an suidheachadh a' tòiseachadh nuair a chuireas Isla fios gu Pòl nach urrainn dhi coinneachadh a-nochd leis gu bheil caraid air dealachadh ri a leannan agus gu bheil i airson Isla fhaicinn. Tha Pòl a' tilleadh thuice ag ràdh ma tha sin fìor nach urrainn dha a dhol gu partaidh a peathar Dihaoine, tha na balaich ag iarraidh air a dhol a-mach còmhla riuthasan. Às dèidh grunn theachdaireachdan tha cùisean a' fàs nas frionasaiche

- Dè a' chomhairle a bheireadh sibh do Isla?
 - Dè a' chomhairle a bheireadh sibh do Paul?
-

Suidheachadh 4.

Tha Joe agus Archie air a bhith còmhla airson beagan mhìosan. Tha an caraidean agus an teaghlachan uile gu math taiceil a thaobh iad a bhith gèidh. Tha iad air a bhith a' cur ùine seachad còmhla leotha fhèin, ach chan eil iad air a bhith ri feise fhathast. Nuair a tha iad leotha fhèin, bidh Joe caran a' putadh airson feise tachairt. Tha Archie dìreach ga sheachnadh. 'S e oidhche Shathairne a th' ann, aig taigh Joe agus chan eil duine eile a-staigh. Tha iad air an leabaidh agus a' pògadh, tha Joe a' dol an sàs dha-rìribh, tha Archie ag èirigh agus a' gluasad air falbh. Tha Joe air a bhuaireadh gu mòr agus a' tòiseachadh air trod ri Archie, ag iarraidh air socrachadh agus dìreach a dhèanamh. Tha Eairdsidh troimh-a-chèile, ag èigheach air ais.

- Dè a' chomhairle a bheireadh sibh do Archie?
- Dè a' chomhairle a bheireadh sibh do Joe?